

# Sgrùdadh 2020/21 air Bòrd na Gàidhlig



AUDITOR GENERAL 

Air ullachadh le Sgrùdadh Alba  
An Dùblachd 2021

# Sgrùdadh 2020/21 air Bòrd na Gàidhlig

## Ro-ràdh

1. Fhuair mi an aithisg bhliadhnaidh is cunntasan sgrùdaichte agus aithisg an neach-sgrùdaidh neo-eisimeileach airson Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) airson 2020/21. Tha mi a' cur a-steach nan aithrisean ionmhais sin agus aithisg an neach-sgrùdaidh fo earrann 22(4) de dh'Achd Ionmhais Poblach is Cunntachalachd (Alba) 2000, còmhla ris an aithisg seo a dheasaich mi fo earrann 22(3) den Achd.
2. Thug an luchd-sgrùdaidh beachd sgrùdaidh gun cheist seachad air aithrisean ionmhasail a' Bhùird airson 2020/21. Tha mi air an aithisg seo ullachadh gus am fios as ùire a thoirt do Phàrlamaid na h-Alba mu adhartas a' Bhùird le bhith a' toirt piseach air na h-ullachaidhean ceannais agus riaghlaidh aige. Tha seo a' leantainn aithisg a dh'ullaich an t-Àrd-neach-sgrùdaidh mu dheireadh fo earrann 22(3) den Achd air cunntasan a' Bhùird airson 2018/19 anns an deach grunn raointean leasachaiddh a chomharrachadh. Ghabh Comataidh Sgrùdadh Poblach agus lar-reachdail Pàrlamaid na h-Alba fianais air an aithisg eadar am Faoilleach 2020 agus am Màirt 2021.

## Prìomh theachdaireachdan

3. Tha am Bòrd air freagairt gu math air draghan a chaidh a nochdad roimhe mun cheannas agus riaghalaigh aige. Tha na gnìomhan a rinneadh a' gabhail a-steach:

- A' cur an gnìomh atharrachaidhean ann an structar an Sgioba-stiùiridh agus a' toirt a-steach ìre ùr mhanaidsearan gus comas a bharrachd a thoirt dhaibh agus gus taic a chumail ri planadh Leantanneachd coarbais. Tha Plana Luchd-obrach an sàs a-nis a tha ceangailte gu follaiseach ris a' Phlana Chorporra agus a tha a' comharrachadh feumalachdan luchd-obrach san àm ri teachd.
- A' lùghdachadh àireamh nam Ball Bùird agus aig an aon àm a' cur aghaidh air beàrnan sgilean tro bhith a' fastadh dithis ball bhùird ùra le eòlas buntainneach is ùr.
- A' soillearachadh dleastanasan an Àrd-sgioba Stiùiridh, nan Comataidhean, a' Bhùird-stiùiridh agus nan sponsairean aca tro thrèanadh a bharrachd do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh air an dleastanas sgrùdaidh is dùblain aca, a' leabachadh prògram de dh'fhèin-mheasaidh air eifeachdas nan comataidhean agus a' Bhùird; a'

coimiseanadh in-sgrùdadh air rèiteachaidhean riaghlaidh; agus ag ùrachadh a Sgrìobhainn Frèam-obrach le Riaghaltas na h-Alba.

- A' cur gu mòr ri fosgailteachd is follaiseachd a' Bhùird tro bhith a' cumail nan coinneamhan Comataidh is Bùird uile gu poblach le pàipearan air am foillseachadh ro-làimh agus coinneamhan air an sanasachadh tro na meadhanan sòisealta, gniomhan com-pàirteachaidh luchd-ùidh cunbalach a' gabhail a-steach a bhith a' coinneachadh ri buidhnean Gàidhlig cudromach eile, agus a bhith a' neartachadh conaltradh taobh a-staigh na buidhne.

**4.** Tha Bòrd an latha an-diugh gu math nas fheàrr na a' bhuidheann air an deach aithisg sgrùdaidh a dhèanamh ann an 2018/19. Thatar a' cur fàilte air astar a' chruth-atharrachaidh air structar riaghlaidh agus Sgioba-stiùiridh na buidhne agus air mar a tha e air cur gu mòr ri a fosgarrachd agus a follaiseachd Leis gur e atharrachadh san fhad ùine a tha a dhìth, tha e coltach gum bi greis mus tig làn bhuaidh nan atharrachaidhean am follais. Tha e fhathast cudromach dhan Bhòrd a bhith a' sgrùdadh a bheil na h-atharrachaidhean a' libhrigeadh bhuannachdan fad-ùine le buaidh a ghabhas tomhas agus gun dèan iad atharrachaidhean iomchaidh far a bheil sin riatanach.

## Cùl-fhiosrachadh

**5.** Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus gus an tamas a choileanadh gum bi a' Ghàidhlig na cànan oifigeil ann an Alba.. Stèidhich an Achd am Bòrd cuideachd mar Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB). 'S e na prìomh dhleastanasan a th' aige a bhith a' brosnachadh leasachadh na Gàidhlig agus a bhith a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean na Gàidhlig.

**6.** Tha Bòrd-stiùiridh aig a' Bhòrd air a bheil an Cathraiche agus eadar 5 agus 11 buill neo-ghniomhach a chaidh a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba.<sup>1</sup> Mar sin, tha e ag obair air stèidh neo-eisimeileach bho Riaghaltas na h-Alba gu làitheil ach tha Ministearan na h-Alba cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba air a shon aig a' cheann thall. Mar Oifigear Cunntachail, tha Ceannard a' Bhùird cuideachd cunntachail gu pearsanta airson a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid a ghoireasan a chleachdadh gu h-èifeachdach, gu caomhantach agus gu tàbhachdach.

**7.** Is e Roinn Ionnsachaидh Riaghaltas na h-Alba sponsair a' Bhùird agus bidh i a' toirt tabhartas gus cuideachadh dha. Is e seo cha mhòr an aon tùs teachd a-steach aig a' Bhòrd. Ro 2020/21 bha àireamh chuibheasach de 21 luchd-obrach FTE aig a' Bhòrd. B' e an caiteachas lom aige tron bhliadhna £5.6 millean air an robh £1.2 air a chosg air cosgaisean, luchd-obrach (21 sa cheud).

**8.** Mar NDPB, tha prìomh àite aig an dàimh eadar am Bòrd, an Sgioba-stiùiridh agus roinn sponsaireachd Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a' cur ri èifeachdas ullachaidhean riaghlaidh a' Bhùird. Tha diofar sgrìobhainnean ann gus stiùireadh a thoirt seachad air deagh riaghlaidh agus air na diofar dhleastanasan

<sup>1</sup> Aig an àm seo, tha an Cathraiche agus sia Buill neo-ghniomhach air a' Bhòrd.

a th' aig an fheadhainn a tha an sàs ann. Tha iad seo a' gabhail a-steach [Sgriobhainn Frèama](#), a' Bhùird a tha a' dèiligeadh ris an dàimh eadar am Bòrd agus Riaghaltas na h-Alba; stiùireadh Riaghaltas na h-Alba mar eisimpleir [On Board: A Guide for Members of Statutory Boards, Scottish Public Finance Manual](#) agus [Model Code of Conduct for Members of Devolved Public Bodies](#); agus aithisg Sgrùdadh Alba [The role of boards.](#)<sup>2</sup> Ri chèile, tha iad a' mìneachadh na leanas:

- Tha am Bòrd, fo cheannas a' Chathraiche, an urra ri bhith a' toirt air adhart amasan agus cinn-uidhe ro-innleachdail na buidhne, mar a chaidh aontachadh le Ministearan na h-Alba. Tha am Bòrd cuideachd an urra ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ceuman èifeachdach an sàs gus stiùireadh riosgan, riaghlaigh agus in-smachd na buidhne a dhearbadh.
- Tha an Ceannard agus an Sgioba-stiùiridh an urra ri bhith a' toirt ceannas obrachail dhan bhuidhinn. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil amasan agus cinn-uidhe a' Bhùird air an coileanadh; gu bheil na foincseanan aige air an lìbhrigeadh agus gu bheil na targaidean air an coileanadh tro ghniomhan èifeachdach leis na h-oifigearan. Tha dleastanasan coitcheann a' Cheannaird cuideachd a' gabhail a-steach coileanadh, stiùireadh agus sgiobachd a' Bhùird.
- Thathar an dùil gum bi an roinn sponsaireachd ann an Riaghaltas na h-Alba na ceangal eadar am Bòrd agus Ministearan na h-Alba. Tha e an urra ris an roinn sponsaireachd dèanamh cinnteach gu bheil am bòrd a' faighinn fiosrachadh gu leòr mu phoileasaidhean agus phriomhachasan Riaghaltas na h-Alba, agus airson a bhith a' cumail sùil air a choileanadh tro bhith a' faighinn pàipearan bùird agus eile. Ged a tha stiùireadh ag ràdh nach bi sgiobaidhean sponsaraidh a' frithealadh coinneamhan bùird mar as trice, tha seo an urra ri aonta eadar Riaghaltas na h-Alba agus a' bhuidheann phoblach.<sup>3</sup> A thaobh a' Bhùird, cha bhi an roinn sponsaireachd a' frithealadh coinneamhan a' Bhùird ach gheibh i na pàipearan uile agus cuireadh a bhith an làthair.

## Laigsean ann an ceannas agus riaghlaigh a chaidh a chomharrachadh roimhe

**9.** Ri linn sgrùdadh 2018/19 air a' Bhòrd, nochd an neach-sgrùdaidh iomadh dragh co-cheangailte ri riaghlaigh is follaiseachd. Bha iad sin a' dèiligeadh ri raon farsaing de chùisean a' gabhail a-steach ceannardas neo-èifeachdach, dìth soilleireachd mu dhleastanasan is uallachaidhean, droch dhàimhean agus

<sup>2</sup> Tha [Sgriobhainn Frèam-obrach](#) a' Bhùird a' mìneachadh na dàimh eadar e fhèin agus Ministearan na h-Alba agus oifigearan Riaghaltas na h-Alba. Tha Sgriobhainnean Frèam-obrach gu math coltach ri chèile airson gach buidheann phoblach ach is urrainn dhaibh a bhith eadar-dhealaichte ann am mion-fiosrachadh a thaobh foincseanan, cumhachdan agus ionmhas nam buidhnean poblach fa leth.

<sup>3</sup> [On Board: A Guide for Members of Statutory Boards, Riaghaltas na h-Alba, Am Màirt 2017](#)

droch chultar buidhne agus planadh luchd-obrach uireasbhach. Am measg nan ceistean a shònraich an neach-sgrùdaidh tha:

- Dragh mu dheidhinn riochd, comas-lìbhrigidh, eòlas agus èifeachdas an Sgioba-stiùiridh. Dh'fhàg càirdeas suarach eadar buill den sgioba-cheannais cion co-thàthaidh ann an dèanamh cho-dhùnaidhean ro-innleachdail agus dìth misneachd tron bhuidhinn air fad.
- Cha robh mòran fianais ann gun tug am Bòrd sgrùdadh is dùbhlain èifeachdach seachad air co-dhùnaidhean no gun do chùm iad àrd-mhanaidsearan cunntachail. Bha dìth beachdachaidh no fianais ann cuideachd an robh tabhartasan a chaith a thoirt do bhuidhnean a' cur ri amasan ro-innleachdail a' Bhùird agus mar sin an robhar a' faighinn luach an airgid.
- Bha cion soilleireachaidh ann a thaobh dreuchdan is dleastanasan a chèile aig an Sgioba-stiùiridh, aig na Comataidhean, aig sgioba-sponsaireachd Riaghaltas na h-Alba agus aig a' Bhòrd-stiùiridh, Bha buill den Bhòrd a' dol an sàs tuilleadh is a' chòir ann an cùisean obrachaiddh. Rinneadh sgrùdadh air èifeachdas na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan sa Ghearran 2019 ach deach lèirmheasan mar seo a dhèanamh air a' Bhòrd no air na comataidhean eile. Cha d' rinn an Cathraiche a bha ann roimhe measaidhean bliadhnailear air dèanadas Buill a' Bhùird. Anns a' Chèitean 2018, chaith ath-bhreithneachadh air Còd-giùlan nam ball a mholadh leis a' Bhòrd-stiùiridh, ach cha do thachair seo.
- Cha robh dèanamh cho-dhùnaidhean follaiseach is fosigailte. Bha na coinneamhan uile aig a' bhòrd agus aig na comataidhean gan cumail ann an diomhaireachd. Bha grunn mhìosan ann uaireannan mus nochdadh clàran-obrach is geàrr-chunntasan coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh air làrach-lìn a' Bhùird.
- Cha robh plana luchd-obrach an sàs aig a' bhuidhinn agus cha deach mòran smaoineachaidh a dhèanamh air planadh co-arbais. Bha dùblain aig a' Bhòrd le bhith a' lionadh dhreuchdan bàna.
- Cha robh Ceannard Ionmhais aig a' Bhòrd eadar am Faoilleach 2018 agus am Màrt 2019. Chaith an neach-sgrùdaidh a-staigh aig a' Bhòrd a chur an dreuchd mar Cheannard an Ionmhais air stèidh pàirt-ùine bhon Giblean 2019. Dh'fhàg dàil ann an sìreadh thairgsean airson seirbheis in-sgrùdaidh ùr le buidheann a-muigh nach robh obair in-sgrùdaidh ann eadar an Giblean is an Cèitean 2019.

**10.** Shònraich an sgrùdadh grunn chùisean susbainteach co-cheangailte ri riaghladh is follaiseachd far an robh feum air gniomh leis a' Bhòrd-stiùiridh, le luchd-stiùiridh agus leis an luchd-sponsaireachd ann an Riaghaltas na h-Alba gun dàil. Anns an luchar 2019, dh'aontaich am Bòrd plana-leasachaidh stèidhichte air na ceistean is molaidhean a shònraich an neach-sgrùdaidh. Chaith Buidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaidh a stèidheachadh gus sùil a

chumail air cur an gnìomh a' phlana agus gus aithris don Bhòrd-stiùiridh agus do Chomataidh Rianachd Sgrùdaidh is Cunnartan<sup>4</sup>.

## Adhartas a rinneadh bho sgrùdadh 2018/19

**11.** Chomharraich an neach-sgrùdaidh 44 molaidhean mar phàirt de sgrùdadh 2018/19 agus bha 72 gnìomhan rin dèanamh a-mach asta. Asta seo, chaidh 71 dhiubh an gnìomh gu ruige seo. Tha an aon ghnìomh a tha air fhàgail mu cho-chomhairleachadh air an dòigh-obrach a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh maoineachadh thabhartasan nuair a bhios e ag ullachadh airson an ath sheata de chùmhnantan ioma-bliadhna agus cha deach seo a chur air dòigh dìreach air sgàth ùine. Dh'ionnsaich an neach-sgrùdaidh cuideachd ann an 2020/21 gun robh am Bòrd air 49 raointean leasachaidd eile a chomharrachadh bho sgrùdadh 2018/19 tro ath-sgrùdaidhean a-staigh is a-muigh. Chaidh na gnìomhan seo uile a chur an sàs. Mhol an neach-sgrùdaidh an t-adhartas a rinneadh le aithris iomchaidh dhan Bhòrd agus le dearbhadh neo-eisimeileach.

**12.** Bho sgrùdadh 2018/19, tha na ceuman a tha am Bòrd air gabhail mar fhreagairt air a' Phlana Leasachaidd a' gabhail a-steach:

- A' cur an gnìomh atharrachaidhean ann an structar an Sgioba-stiùiridh. Chomharraich sgrùdadh taobh a-muigh de structar Sgioba-stiùiridh a' Bhòrd san t-Samhain 2019 na h-aon seòrsa chùisean ri toraidhean sgrùdadh 2018/19, a' gabhail a-steach neo-chunbalachd ann am pròifilean dreuchd, dìth soilleireachd a thaobh dhleastanasan, structar còmhnràd, agus duilgheadasan a thàinig bhon riatanas gum bi fileantas aig luchd-obrach an dà chuid ann an Gàidhlig labhairteach agus sgrìobhte.

Aig deireadh 2018, b' e an Sgioba-stiùiridh an Ceannard, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd, agus Ceann nan Seirbheisean Corporra. Bha na dreuchdan mar Stiùiriche Foghlaim Gàidhlig agus Ceannard a' Chonaltraidh is lomairtean bànn. Aig an àm seo, 's e an Sgioba-stiùiridh an Ceannard, Stiùiriche Planadh Cànan agus Leasachaidhean Coimhearsnachd, Stiùiriche Foghlaim, agus Ceann an Ionmhais is nan Cùisean Chorporra.

([Ball-taisbeanaidh 1, taobh-duilleig 8](#)). Cha robh ach a' chiad dithis fhathast sna dreuchdan aca bho 2018.

Chaidh ère manaidsearachd eile a chruthachadh gus aghaidh a chur ris na ceistean bho structar còmhnràd agus gus taic a chumail ri planadh co-arbais. Tha seo a' gabhail a-steach Manaidsear Foghlaim agus Manaidsear Ghniomhan. Chaidh Oifigear Conaltraidh fhastadh gus piseach a thoirt air conaltradh le luchd-obrach agus luchd-ùidh. Chaidh taic a chumail ris na leasachaidhean sin bho phrògram de choidseadh agus leasachadh ceannardais airson àrd luchd-obrach, agus tro bhith a' toirt a-steach measaidhean coileanaidh air feadh na buidhne.

Tha am Bòrd air a phoileasaidh atharrachadh a thaobh a bhith a'

<sup>4</sup>Chaidh seo ath-ainmeachadh às dèidh seo mar a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd.

fastadh luchd-labhairt na Gàidhlig. Thèid sanasachd a dhèanamh airson obair dà thuras agus an uair sin, nithear ath-sgrùdadh am bu chòir Gàidhlig a bhith na sgil riatanach. Feumaidh luchd-obrach a thig a dh'obair dhan bhuidhinn, aontachadh Gàidhlig ionnsachadh mur eil Gàidhlig aca.

- A' lùghdachadh àireamh nam Ball Bùird agus a' cur aghaidh air beàrnan sgilean aig an aon àm. Bha 11 bhall air a' Bhòrd aig àm an sgrùdaidh ann an 2018/19. Tha seachdnar bhall aige a-nis, còig dhiubh a bha nam ball aig àm sgrùdadh 2018/19. Tha eòlas ùr agus iomchaidh aig an dithis bhall bùird ùr air ionmhas, agus lion seo beàrn sgilean. Tha trèanadh fhathast ga thoirt do bhuill a' Bhùird.

Tha beachdachadh air comas-libhrigidh buill a' Bhùird na chùis leantainneach dhan Bhòrd, leis an uallach obrach a tha co-cheangailte ris an dreuchd. Ged nach do chomharraich an neach-sgrùdaidh cùis chudromach sam bith ag èirigh bho dhìth comas-libhrigidh a thaobh riaghladh ann an 2020/21, is e seo raon air a bheil am Bòrd a' cumail sùil ghniomhach.

- A' soillearachadh dleastanasan an Àrd-sgioba Stiùiridh, nan Comataidhean, a' Bhùird-stiùiridh agus nan sponsairean. Tha na gnìomhan a ghabhadh a' gabhail a-steach:
  - A' toirt trèanadh a bharrachd do bhuill neo-ghniomhach air, mar eisimpleir, ròl a' Bhùird, riaghladh agus dùbhlan èifeachdach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil Comataidh Sgrùdaidh èifeachdach ann.
  - Structar nas sìmplidhe aig Comataidhean a' Bhùird. Chaidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus a' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan a stèidheachadh bho na ceithir Comataidhean a bh' ann roimhe, le gach tè air na Bun-riaghailtean aice ùrachadh gach bliadhna.. Bidh a' Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan a' dèanamh fèin-sgrùdadadh gach bliadhna. Bidh fèin-mheasadh den Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd le stiùireadh bhon taobh a-muigh a' tachairt gach bliadhna cuideachd agus cha do chomharraich seo cùis chudromach sam bith ann an 2020/21. Rinneadh fèin-mheasadh coltach ri seo air èifeachdas a' Bhùird ann an 2021/22 agus tha in-sgrùdadh air èifeachdas a' Bhùird a' dol air adhart an-dràsta.
  - A' cur in-sgrùdadh air dòigh gus ath-sgrùdadadh a dhèanamh air ullachaidhean riaghlaidh corporra a' Bhùird ann an 2020/21. Cho-dhùin seo gu bheil an structar riaghlaidh nas èifeachdaiche agus gu bheil e a rèir amasan ro-innleachdail na buidhne, agus nach robh cùis chudromach sam bith ag èirigh.
  - Chaidh Sgriobhainn Frèam-obrach a' Bhùird ùrachadh sa Ghearran 2021 gus an dàimh eadar am Bòrd agus Riaghaltas na h-Alba a chur an cèill. Thathas an dùil gun cuidich seo gus dèanamh cinnteach

nach bi an roinn sponsaireachd an sàs gu ìre ro-mhòr ann an co-dhùnaidhean obrachaидh mar a bha thachair uaireigin roimhe.

- A' cur gu mòr ri follaiseachd is fogsailteachd a' Bhùird. Tha gach coinneamh aig a' Bhòrd-stiùiridh agus aig na comataidhean air an cumail gu poblach. Thathar gan sanasachd air làrach-lin a' Bhùird le pàipearan rim faighinn ro làimh agus tro na seanailean aige air na meadhanan sòisealta. Tro 2020/21, chùm an Ceannard coinneamhan mìosail le Àrd-oifigearan nam prìomh bhuidhnean Gàidhlig (a' gabhail a-steach MG Alba agus Sabhal Mòr Ostaig) gus cur ri co-obrachadh agus tha an cleachdad seo a' leantainn. A bharrachd air seo, rinneadh co-chomhairlean air maoineachadh ro-innleachdail, air Dreach Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus air beachdan na h-òigridh air a' Ghàidhlig.


Tha an Ceannard agus luchd-obrach eile cuideachd air obrachadh gus piseach a thoirt air conaltradh le luchd-obrach. Tha seo a' gabhail a-steach coinneamhan neo-fhoirmeil cunbalach, coinneamhan luchd-obrach gach cola-deug, a' co-roinn fiosrachadh mu obair a' Bhùird gach seachdain, agus a' gabhail a-steach riochdairean bho na h-Aonadh Ciùird ann an còmhraidhean aig coinneamhan an Àrd-sgioba Stiùiridh. San fharsaingeachd, tha seo air cur ri ìre nas àirde de riarachadh luchd-obrach, bho chuibheas de 70 sa cheud ann an 2018/19 gu cuibheas de 86% anns a' Chèitean 2021. Gu sònraichte, tha aonta làidir ri misean agus luachan a' Bhùird.

- Tha plana luchd-obrach bliadhnaill a tha dlùth-cheangailte ris a' Phlana Chorporra air a bhith aig a' Bhòrd bhon Ghearran 2020, a tha a' comharrachadh feumalachdan luchd-obrach san àm ri teachd agus a tha a' mineachadh mar a dh'fhaodar na dreuchdan sin a lionadh. Tha e cuideachd a' coimhead air cunnartan bho atharrachaidhean buidseit agus planadh co-arbais. Tha am Plana Luchd-obrach cuideachd a' mineachadh priomhachasan a' Bhùird a thaobh luchd-obrach agus dè na gniomhan a thèid a choileanadh thairis air an ath dhà bhliadhna.

## Ball-taisbeanaidh 1

### Structar Bòrd-stiùiridh agus Àrd-sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig mar a bha e anns a' Mhàirt 2021

Tha Bòrd na Gàidhlig air atharrachaidhean a dhèanamh air structar nan comataidhean agus air an àrd-sgioba stiùiridh bho 2018/19.



Tùs: Bòrd na Gàidhlig

**13.** San fharsaingeachd, cho-dhùin an neach-sgrùdaidh gun robh na ceuman a ghabh am Bòrd gu leòr, agus freagarrach, gus dèiligeadh ris na ceistean a chaidh a chomharrachadh roimhe. Tha am Bòrd den bheachd gu bheil am Plana Leasachaидh air a bhith feumail agus gu bheil leasachaidhean mòra air a bhith ann mar thoradh air seo, a' fàgail gu bheil am Bòrd nas co-cheangailte agus nas simplidhe, le cruth-atharrachadh air tachairt air feadh na buidhne. Bidh an Sgioba-stiùiridh, còmhla ris an luchd-obrach air fad, ag ath-sgrùdadh a' Phlana Leasachaيدh gach mìos, le ùrachadh air a thoirt seachad do Bhuidheann-stiùiridh a' Phlana Leasachaيدh agus tron bhuidhinn dhan Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd agus dhan Bhòrd-stiùiridh.

**14.** Thathar a-nis den bheachd gun robh am Plana Leasachaيدh mar thoradh air an t-suidheachadh a bh' ann aig an àm, air a dhealbhadh gus am Bòrd a ghuasad gus coimhead air leasachadh ann an dòigh nas iomlanaich air feadh na buidhne. Tha e a-nis air an comas sin a dhearbhadh, agus a-nis tha eòlas

nas fharsainge taobh a-staigh na buidhne, agus tha am Bòrd air Plana Leasachaidh Leantainneach nas subailte a chruthachadh.

## Co-dhùnaidhean

**15.** Tha Bòrd an latha an-diugh gu math nas fheàrr na a' bhuidheann air an deach aithisg sgrùdadh a dhèanamh ann an 2018/19. Chaidh ath-sgrùdadh bunaiteach a dhèanamh air structar riaghlaidh agus Sgioba-stiùiridh na buidhne, agus thàinig piseach nach bu bheag air a fosgarrachd agus follaiseachd. Tha conaltradh agus planadh fad-ùine nas fheàrr cuideachd. Bidh a' bhuidheann a' sireadh cheistean gu gnìomhach agus iad a' coimhead airson dòighean gus piseach a thoirt air a' bhuidhinn..

**16.** Chan urrainnear cuideam gu leòr a chur air cho mòr 's a bha an t-atharrachadh. Tha astar an leasachaidh - agus a' buaidh a th' aig seo air beachdan an luchd-obrach agus luchd-ùidh agus air èifeachdas riaghlaidh agus ceannardas - ri mholadh. Dh'fhasataich am Bòrd eòlaiche Stiùireadh Atharrachadh bhon taobh a-muigh ann an 2021/22 cuideachd gus a dhòigh leasachaidh a thaobh leasachadh leantainneach a leabachadh agus gus astar an atharrachaидh a chumail suas.

**17.** Leis gu bheil atharrachadh a dhìth san ùine fhada, bidh greis ann mus tig buaidh nan atharrachaidhean uile am follais. Thug Covid-19 buaidh air coileanadh Priomh Chomharraighean Coileanaidh na buidhne ann an 2020/21 agus chan eil e soilleir fhathast dè a' buaidh a bh' aig na h-atharrachaidhean a chaidh a chur an gnìomh mar-thà air coileanadh, toraidhean agus beachdan a' Bhùird (Pàipear-taice), ([Èarr-ràdh](#)). San àm ri teachd, bidh e cudromach dhan Bhòrd a bhith a' sgrùdaidh a bheil na h-atharrachaidhean a' libhrigeadh buuannachdan fad-ùine le buaidh a ghabhas tomhas, agus atharrachaidhean ionchaidh a dhèanamh far nach eil.

# Eàrr-ràdh.

Coileanadh Bhòrd na Gàidhlig a thaobh nam Prìomh Chomharran  
Coileanaidh aige ann an 2020/21

Comharra Coileanaidh	Targaid	Toradh
<b>PCC 1:</b> <b>Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh</b>	Tuigse nas fheàrr air na cnapan-starra a tha ann am measg fhileantach ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar	<b>Cha deach seo a choileanadh – thug Covid buaidh air seo</b> Sineadh sa chlàr-ama air sgàth COVID-19; cha robh e comasach agallamhan a dhèanamh. Cuideachd, bha atharrachadh ann an neach-rannsachaidh air sgàth dàil sa phròiseict.
	A' Ghàidhlig ga cleachdadh barrachd ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba	<b>Coileanta</b> <ul style="list-style-type: none"><li>• 337 pròiseactan air am maoineachadh</li><li>• 67 ùghdarrasan poblach ag obair air no a dh'ionnsaigh phlanaichean Gàidhlig.</li><li>• #cleachdiaigantaigh air a lìbhrigeadh bhon Chèitean 2020 air adhart</li></ul>
<b>PCC 2:</b> <b>Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."</b>	Stèidhich bun-fhigear airson àireamh nan daoine a dh'aithris gun robh buannachdan ann mar thoradh air a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.	<b>Cha deach seo a choileanadh - thug Covid buaidh air seo</b> Cha robh fiosrachadh ri fhaighinn oir bha dàil air pròiseactan mar thoradh air Covid-19, is mar sin bha dàil air aithisgean a' tighinn bho phròiseactan a fhuair maoineachadh.
	Fianais gu bheil barrachd chothroman do dh'òigridh a bhith ag inntrigeadh margaidh na h-obrach, far a bheil iad a' cur an cuid sgilean Gàidhlig gu feum	<b>Coileanta</b> <ul style="list-style-type: none"><li>• Com-pàirteachas eadar Leasachadh Sgilean na h-Alba, lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Comhairle nan Eilean Siar (CnES) airson preantasachdan Gàidhlig.</li><li>• Ghabh ceathrar òigridh pàirt ann an greisean gnìomhachais samhraidh a chaidh a mhaoineachadh leis a' Bhòrd.</li></ul>
<b>PCC 3:</b> <b>Barrachd cloinne a' gabhail pàirt ann an</b>	Gheibh sinn Plana B bho gach buidheann a fhuair maoineachadh tro sgeama Thabhartasan Tràth-bhliadhnaichean	<b>Coileanta</b> Chuir na buidhnean uile (20 dhiubh) a tha a' faighinn taic-airgid planaichean B air adhart.

Comharra Coileanaidh	Targaid	Toradh
<b>seiseanan thràth-bhliadhnaichean</b>	Prògram air a libhridgeadh le goireas ri fhaighinn air-loidhne gach seachdain eadar am Faoilleach agus am Màrt 2021.	<b>Cha deach seo a choileanadh</b> Chaidh a' chiad bhidio a libhridgeadh aig àm na Càisge 2021. Chaidh 7 eile a libhridgeadh agus thathar a' libhridgeadh 2 eile aig an àm seo.
	Sia cothroman trèanaidh air-loidhne tron bhliadhna	<b>Coileanta</b> Sia cothroman trèanadh air-loidhne air an libhridgeadh
	Chaidh na measaidhean fàbharach air seiseanan trèanaidh a chruinneachadh, chaidh cnuasachadh orra agus chaidh ceuman a ghabhail mar thoradh orra	<b>Coileanta</b> Aon ghoireas ùr air cruthachadh mar thoradh air a' mheasadh
<b>PCC 4: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart</b>	Àrdachadh ann an àireamhan nan sgoilearan ann am Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI).	<b>Coileanta</b> Dàta foghlaim airson 20/21 – sgoilearan uile ann am FtG agus FLI 8,864 (2019/20 – 8,757)
	Àrdachadh ann an àireamh an luchd-ionnsachaidh inbheach.	<b>Coileanta</b> <ul style="list-style-type: none"><li>• 55,185 luchd-tadhail fa leth ann an 2020/21 (46,567 2019/20) – LearnGaelic</li><li>• 475 luchd-ionnsachaidh Duolingo sa bhliadhna gu Màrt 2021 (400k 2019/20).</li></ul>
	Meudachadh de Churraicealam FtG san Àrd-sgoil.	<b>Coileanta</b> 23 cuspairean FtG san Àrd-sgoil (2019/20 – 22 cuspairean tron Ghàidhlig san Àrd-sgoil)
	Tha plana Gàidhlig aig gach Àrd-sgoil a tha a' libhridgeadh FtG/FLI.	<b>Cha deach seo a choileanadh – thug Covid buaidh air seo</b> Bha dàil air seo mar thoradh air buaidh COVID-19 air sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail
<b>PCC 5: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha mi air na sgilean</b>	Meudachadh anns an raon de dh'fiosrachadh staitistigel gus piseach a thomhas	<b>Coileanta</b> Tha stadastaireachd LearnGaelic air a cleachdad a-nis gus am fàs a thomhas.
	80% de dhaoine ag aontachadh leis an aithris seo.	<b>Cha deach seo a choileanadh – thug Covid buaidh air seo</b>

Comharra Coileanaidh	Targaid	Toradh
<b>Gàidhlig agam a thoirt air adhart”</b>		Chan eil stadastaireachd ri faighinn fhathast mar thoradh air cuingealaidhean Covid-19.
<b>PCC 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar</b>	Bidh a' Ghàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig air aithneachadh/àbhaisteachadh ann am barrachd shuidheachaidhean air feadh na h-Alba.	<b>Coileanta</b> Àrdachadh susbainteach ann an àireamhan an luchd-ionnsachaидh air-loidhne.
	Barrachd còmhraíd, ionnsachaيدh is compàrtichean le raon farsaing de bhuidhnean ann an Alba.	<b>Coileanta</b> Conaltradh a bharrachd le buidhnean ann an Alba m.e. CLS, Stonewall, ùighdarrasan poblach ùra, Guth nan Siarach.
<b>PCC 7: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh ris an abairt, “Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba”</b>	Meudachadh ann am beachdan sòisealta taiceil dhan Ghàidhlig (còrr is 81% - Scottish Social Attitudes Survey).	<b>Cha deach seo a choileanadh – thug Covid buaidh air seo</b> Cha deach an suirbhidh a thoirt air adhart ann an 20/21 mar thoradh air Covid-19. Gu bhith a' tachairt ann an 2022.
	Stuthan a tha ann agus stuthan ùra air an gabhail os làimh gu soirbheachail	<b>Coileanta</b> Iomairtean meadhanan sòisealta air an ruith leis a' Bhòrd. Thug am Bòrd taic no brosnachadh do dh'iomairtean a chaidh a ruith le daoine eile.
	Barrachd phàrtaidhean poilitigeach a' gealltann gun cùm iad taic ri leasachadh na Gàidhlig	<b>Coileanta</b> Bha gealltanasan ann am manifestoan nam priomh phàrtaidhean poilitigeach, fiosrachadh air a thoirt seachad leis a' Bhòrd.
<b>PCC 8: Barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris a' bheachd “Tha m' obair aig a' Bhòrd a' toirt toileachas dhomh agus tha i a' dèanamh diofar.”</b>	Tha luachan na buidhne againn air am fighe a-steach san dòigh-obrach againn	<b>Coileanta</b> Bha na luachan mar phàirt de na coinneamhan Dè tha Dol againn gach cola-deug agus aig gach coinneamh plana obrach pearsanta gach 6-8 seachdain, agus aig coinneamhan ad-hoc
	Thathar a' toirt an trèanaidh is na taice a tha a dhìth dhan luchd-obrach.	<b>Coileanta</b> Planaichean leassachaيدh pearsanta an sàs; clàr-gnothaich airson co-labhairt bhliadhnaill an luchd-obrach air a chur ri chèile le luchd-obrach; àm fèin-leasachaidh pearsanta aig luchd-obrach

Comharra Coileanaidh	Targaid	Toradh
		gach cairteal; aithisg trèanaidh do CPG agus dhan Bhòrd-stiùiridh.
<b>PCC 9:</b> <b>Tha barrachd den luchd-ùidh againn ag aontachadh ris a' bheachd "Tha am Bòrd a' coileanadh a dhleastanasan gu h-eifeachdach agus tha e a' cur ris na tha sinn a' dèanamh"</b>	Cliù corporra ciatach le luchd-ùidh air daingneachadh.	<b>Coileanta</b> Coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh agus nan comataidhean gan cumail gu poblach; dhaingnich sgrùdadh bhon taobh a-muigh gun robh atharrachadh mòr a' tachairt; a' gabhail pàirt ann an coinneamhan coimhearsnachd; beachdan fàbharach bho choinneamhan Adhartas nas Luaithe.
	Cleachdaidhean fallain a thaobh stiùireadh ionmhais is cunnairt gan glèidheadh.	<b>Coileanta</b> Tha am prògram bliadhnaile de dh'In-sgrùdaidhean uile aig deagh ìre
<b>PCC 10:</b> <b>Lùghdaichidh sinn na h-eimiseanan carboin againn gach bliadhna, a' ruigsinn cothromachadh-carbon (net zero) de dh'eimiseanan cho luath 's a ghabhas agus ro 2045.</b>	Bun-loidhne de dh'eimiseanan carboin is targaidean lùghdachaidh air bhonn agus gan ruigsinn.	<b>Cha deach seo a choileanadh – thug Covid buaidh air seo</b> Cha robh e comasach bun-loidhne a chruthachadh a chionn 's gu bheil am fiosrachadh air pàipear san oifis; agus gun inntrigeadh againn dhan oifis. Eimiseanan carboin air an lùghdachadh gu mòr.
	Tha an dùigh anns am bi sinn ag obair mar bhuidheann air atharrachadh gus cothromachadh-carboin a ruigsinn cho luath 's a ghabhas.	<b>Coileanta</b> Is gann gun robh siubhal sam bith ann an 2020/21 Cumaidh sinn ris a' għluasad do choinneamhan air-loidhne gus an lùghdachadh ann an siubhail a chumail suas. Nas lugha de phàipear/inc air a chleachdad mar thoradh air barrachd obair dhidseatach.

Tùs: Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan Bhòrd na Gàidhlig 2020/21

# Sgrùdadadh 2020/21 air Bòrd na Gàidhlig

Tha foillseachaidhean Sgrùdadadh Alba rim faighinn ri luchdad a-nuas ann an grunn diofar chruthan. Airson barrachd fiosrachaид mu na prionnsabalan ruigsinneachd againn, faic:

[www.audit-scotland.gov.uk/accessibility](http://www.audit-scotland.gov.uk/accessibility)

Airson an fhiosrachaид às ùire, lean sinn air na meadhanan sòisealta no  
[fo-sgrìobh do na fiosan puist-d againn.](#)



Sgrùdadadh Alba, 4mh Lär, 102 West Port, Dùn Èideann EH3 9DN  
Fòn: 0131 625 1500 Post-d: [info@audit-scotland.gov.uk](mailto:info@audit-scotland.gov.uk)  
[www.audit-scotland.gov.uk](http://www.audit-scotland.gov.uk)